

MG



ALBA

PASGAN-FASTAIDH

CLÀR-INNSE

FÀILTE	3
AR SAOGHAL	4
AR LUACHAN	5
TUAIRISGEUL OBRACH	6
SANAS AGUS STIÙIREADH AIRSON TAGRADH	9



Facal bhon Àrd-Oifigear againn...

Tha sinn a' sireadh **Foghlainneach Tasglannaiche nam Meadhanan Didseatach** (cùmhnant teirm stèidhichte 24 mìosan) a bhios ag obair san sgioba Obrachaidh againn ann an Steòrnabhagh.

San dreuchd seo, bidh thu a' cluich pàirt chudromach ann a bhith a' glèidheadh tasglann mheadhanan fiosaigeach dhuinn. Bidh thu ag ionnsachadh a h-uile pàirt an lùib manaidsèadh susbaint Ghàidhlig mar phàirt de sgioba obrachaidh a tha ag obair aig astar luath, gan cuideachadh le libhrigeadh sho-mhaoinean craolaidh de dh'àrd-chàileachd thar na seanail agus nan ùrlaran co-cheangailte.


Bidh thu a' faighinn eòlas practaigeach agus a' leasachadh ealantas air manaidsèadh na so-mhaoin mheadhanan Gàidhlig tro bhith ag eagrachadh, a' didseatachadh, a' cumail agus a' glèidheadh tasglannan agus meata-dàta so-ruigsinneach agus de dh'àrd-chàileachd, fhad 's a tha thu ag obair air fàs comasach ann an siostaman Manaidsèadh So-mhaoin nam Meadhanan.

Gabh pàirt ann a bhith a' cumail Gàidhlig aig cridhe a h-uile nì a bhios sinn a' cruthachadh, le bhith a' glèidheadh sgeulachdan, cainnt agus cultar na Gàidhlig airson nan ginealaichean ri teachd.

Anns a' phasgan seo gheibh thu tuairisgeul obrach, sanas obrach agus stiùireadh airson tagradh.

Ma tha riatanasan ciorraim, ruigsinneachd no in-ghabhail sam bith agaibh, feuch an innis sibh dhuinn. Bidh an sgioba againn toilichte freagradh reusanta sam bith a tha a dhìth oirbh a chur an sàs gus an urrainn dhuibh làn phàirt a ghabhail sa phròiseas fastaidh.

Tha sinn a' coimhead air adhart ri do thagradh.



Domhnall Caimbeul
18/05/2026



MG ✦
ALBA

**GAELIC FOR EVERYONE
WHEREVER YOU ARE**

BBC ✦
ALBA

FILMG →

Learn
Gaelic

Speak
Gaelic



AR LUACHAN

CRUTHACHALACHD

Tha sinn a' comasachadh cruthachadh sàr-shusbaint Ghàidhlig.

LUCHD-AMHAIRC

Tha sinn air ar fiosrachadh agus air ar brosnachadh le ar luchd-amhairc.

ÀRD-AMAS

Tha sinn ag amas air agus a' lìbhrigeadh sàr-mhathas.

CO-BHANNTACHD

Tha sinn a' coileanadh tro cho-obrachadh.

SPÈIS

Tha sinn ag èisteachd; tha sinn a' brosnachadh; tha sinn cothromach.

Foghlainneach Tasglannaiche nam Meadhanan Didseatach

Tìotal Obrach	Foghlainneach Tasglannaiche nam Meadhanan Didseatach	Ìre	A4	Uairean-a-thìde gach seachdain	37
----------------------	---	------------	-----------	---------------------------------------	-----------

Àite Steòrnabhagh

Raon Tuarastail £25,292 - £28,438

Cunntachail do **Manaidsear So-mhaoin Mheadhanan**

Uallach orra airson A bhith a' leudachadh sgilean is eòlas MG ALBA a thaobh glèidheadh mheadhanan, gan clàradh ann an catalog, agus a' comasachadh susbaint mheadhanan Gàidhlig a bhith air a lorg airson cleachdadh agus ath-chleachdadh thar a h-uile ùrlar.

Dàimhean-obrach Bidh an neach-dreuchd na phàirt den Sgioba Foillseachaidh agus bidh iad ag aithris ri Manaidsear So-mhaoin Mheadhanan agus ag obair leis an Sgioba Foillseachaidh nas fharsainge a bharrachd air leis an Sgioba Chruthachail.

Amas

- A' faighinn eòlas farsaing air susbaint mheadhanan Ghàidhlig agus mar a thathar ga stòradh agus ga faighinn air ais.
- Ag eagrachadh, a' clàradh ann an catalog agus a' glèidheadh stuthan mheadhanan eadar-mheasgte gus so-ruigsinneachd agus fad-shaoghalachd a chumail.
- A' cumail suas pròiseas didseatachaidh airson mheadhanan fiosaigeach, a' dèanamh cinnteach gu bheil so-mhaoinean didseatach air an làimhseachadh gu h-ìomchaidh, air an dearbhadh a thaobh càileachd agus air an stòradh gu ceart.
- A' co-dhaingneachadh stòr-dàta, a' dèanamh cinnteach gu bheil meata-dàta mion-cheart agus so-ruigsinneach do cho-obraichean.
- Bidh an tagraiche ga leasachadh gu bhith na os-chleachdaiche comasach airson Manaidseadh nan So-mhaoinean Mheadhanan (MAM), agus bidh iad a' faighinn ealantas farsaing ann am manaidseadh thasglannan, a' gabhail a-steach greis air chuairt aig goireas tasglannach taobh a-muigh gus eòlas practaigeach gnìomhach a thogail.

Prìomh Dhleastanasan

- A' cuideachadh le manaidseadh mheadhanan, a thaobh faidhlichean agus pròiseasan eile ceangailte ri DPP, taobh a-staigh siostaman a' BhBC agus MG ALBA, a' dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile susbaint stèidhichte air faidhlichean a' dlùth-leantainn ri inbhean ro-aontaichte.
- A' gabhail os làimh gnàth-ghnìomhan ceangailte ri tasglannadh mheadhanan fo shùil àrd-luchd-obrach.
- A' cuideachadh gus taic a thoirt seachad a thaobh iartasan bhon taobh a-staigh agus bhon taobh a-muigh airson susbaint mheadhanan, a' toirt cothrom air an t-susbaint far a bheil sin riatanach.
- A' dèiligeadh ri ceistean a thaobh cothrom air susbaint a thathar a' cumail ann an cruinneachaidhean tasglainn agus leabharlainn – an dà chuid so-mhaoinean fiosaigeach agus so-mhaoinean didseatach.

- A' cumail fiosraichte air adhartasan ann an teicneòlasan agus cleachdaidhean tasglannach.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil a' dlùth-leantainn ri poileasaidhean, inbhean agus stiùireadh Tasglainn, a' cur air adhart deagh chleachdadh an dà chuid air an taobh a-staigh agus air an taobh a-muigh.
- A' gabhail pàirt gu dealasach ann an leasachadh proifeiseanta, a' cleachdadh na Gàidhlig san àite-obrach agus a' suidheachadh amasan tro Amasan agus Prìomh Thoraidhean (OKRan).
- Chan fheum eòlas a bhith agad air siostaman, oir bidh trèanadh ga thoirt seachad. Bidh cothroman ann airson greisean-gnìomhachais aig Leabharlannan Didseatach Luchd-ùidhe.

Sgioba Obrachaidh

- Ion-ghabhail mheadhanan
- A' tasglannadh agus a' logadh a h-uile So-mhaoin Dhidseatach
- Taic theicnigeach don sgioba obrachaidh

Càileachd is Inbhean

- A' dèanamh cinnteach gu bheil a' gèilleadh ri reachdas Slàinte is Sàbhailteachd agus ri deagh chleachdadh
- A' dèanamh cinnteach gu bheil uidheamachd MG ALBA daonnan ann an deagh òrdugh obrachaidh
- A' dèanamh cinnteach gu bheil an-còmhnaidh a' coileanadh feumalachdan reusanta chliantan air an taobh a-muigh
- A' dèanamh cinnteach gu bheil prògraman stiùideo gan clàradh ann am modh proifeiseanta

Prìomh Sgilean

Bu chòir gu bheil na sgilean is comasachdan a leanas a bhith aig an neach-dreuchd:

Riathanach

Nàt 5, le aon chuspair àireamhach agus aon chuspair saidheansail **no** eòlas dearbhte ann an Teicneòlas Fiosrachaidh

Miannaichte

Eòlas obrach pàirt-ùine, greis-gnìomhachais no obair shaor-thoileach sam bith a rinn thu roimhe

Teisteanasan / Eòlas

Eòlas

Ùidh ann an glèidheadh dualchas cultarail agus meadhanan eachdraidheil

Eòlas air, no deòin a bhith ag ionnsachadh mu, inbhean agus modhan-obrach airson glèidheadh mheadhanan.

Sgilean

Deagh sgilean IT agus rianachd Sàr sgilean eagrachaidh agus planaich

Ag obair le modh-obrach rianail agus glè mhothachail air mion-fhiosrachadh

Sàr sgilean eadar-phearsanta agus conaltraidh (beòil agus sgrìobhte)

Comas a bhith a' prìomhachadh eallach-obrach, comasach air obair

fo chinn-ama teann agus fo chuideam, agus ath-leumach le dòigh-obrach chiùin.

Comas a bhith ag obair air an urrainn fhèin agus gun aireachas

Comasach air duilgheadasan fhuasgladh mar a tha a dhìth agus sùileachadh chùisean ro làimh, a' toirt seachad fuasglaidhean, molaidhean agus for-àrdachadh mar a tha iomchaidh

Riathanasan Cànan

Ìre B1 [FICE](#) sa Ghàidhlig (A' bruidhinn na Gàidhlig aig ìre B1 no nas àirde)

Giùlan

Ag obair gu math le daoine eile agus ag obrachadh ann an compàirteachasan cinneasach le buill eile den sgioba agus treas pàrtaidhean

Comas a bhith a' togail agus a' cumail sàr dhàimhean obrach taobh a-staigh MG ALBA agus air an taobh a-muigh le cliantan, solaraidhean agus compàirtichean

Faid:

Teirm stèidhichte 24-mìosan

Sanas

Thig còmhla rinn! Tha sinn a' fastadh!

Ag obair dhuinn mar **Foghlainneach Tasglannaiche nam Meadhanan Didseatach**, bidh thu a' cluiche pàirt chudromach san Sgioba Foillseachaidh, a' cuideachadh le bhith ag eagrachadh agus a' glèidheadh susbaint mheadhanan Ghàidhlig airson cleachdadh agus ath-chleachdadh thar nan ùrlaran uile againn.

'S e cothrom air leth a tha seo a bhith a' tòiseachadh sa chùrsa-obrach agad, a' faighinn eòlas practaigeach, ag ionnsachadh sgilean ùra didseatach agus a' togail bunait sheasmhach ann am meadhanan agus tasglannadh. Ag obair gu dlùth le ar Manaidsear So-mhaoin Mheadhanan, bidh thu an sàs ann a bhith a' ruith na tasglainn mheadhanan againn gu làitheil agus ag ionnsachadh mar a tha h-uile nì ag obair air chùlaibh nan sgrìnichean.

Ged nach fheum eòlas air a' ghnòthach a bhith agad mar-thà, airson a bhith soirbheachail san dreuchd seo bu chòir dhut Gàidhlig a bhruidhinn gu fileanta agus ùidh agad san dualchas chultarail againn, le sàr sgilean conaltraidh agus planaidh. Bidh sinn a' toirt seachad trèanadh is taic iomlan gus taic a thoirt dhut ann a bhith a' leasachadh do sgilean is do mhisneachd. Bidh cothrom agad cuideachd air ionnsachadh bho cho-obraichean sàr eòlach agus bidh thu a' leasachadh tuigse luachmhor air mar a thathar a' manaidseadh, a' glèidheadh agus a' co-phàirteachadh nam meadhanan didseatach.

Bidh thu nad phàirt de bhuidheann aig cridhe nam meadhanan Gàidhlig, gar cuideachadh a bhith a' toirt phrògraman gu luchd-amais agus a' dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile nì a' ruith gu rèidh air an sgrìn agus air-loidhne.

Còmhla ri tuarastal farpaiseach, bidh cothrom agaibh cuideachd air raon de shochoirean, nam measg:

- Sgeama peinnsein tabhartach – 10% tabhartasan fastaiche, 5% a bharrachd ma thèid a mhaidseadh.
- 31 latha de shaor-làithean bliadhnail + 6 saor-làithean poblach (pro rata)
- Cothroman ballrachd gym
- Cleachdaidhean obrach sùbailte agus càirdeil do theaghlaichean
- Sgeama Rothaireachd gu Obair
- Ag obair airson fastaiche a fhuair aithne mar Creideas nar Cosnaichean (Òr), Creideas ann an Sunnd (Coitcheann) agus Creideas nar Cosnaichean Òga (Òr).

Ceann-latha mu dheireadh airson tagraidhean – **Diluain 1st Ògmhios 2026 5f**, cha ghabhar ri tagraichean fadalach.

Stiùireadh airson Tagradh:

Cuiribh ur Cunntas-beatha agus litir còmhdaich gu hr@mgalba.com a' mìneachadh carson a bu chòir beachdachadh oirbh agus ur tuigse air mar as urrainn dhuibh an dreuchd a choileanadh gu soirbheachail. Tha sinn cuideachd a' cur fàilte air iarrtasan ann an cruthan cruthachail eile, a' gabhail a-steach tagraidhean bhidio.

A bheil ùidh agad ann an dreuchd anns na meadhanan agus a' cleachdadh do chuid Ghàidhlig? Cuir fios thugainn airson còmhradh neo-fhoirmeil – bu toil leinn barrachd innsidh.

MG



ALBA

MÒRAN TAING!

